

APS.1.83.69(1-5)

PAMPHLETS IN GAELIC.







---

**E O I N P R I S.**


---

FHUAIR Hanah Prìs, pàiste bochd, a foghlam ann an Sgoil Dhòmhnuich; agus cha b' fhada gus am facas an lorg a rinn a foghlam air a cridhe, air chor gu'n robh i air a pilleadh gu soillear ri Dia. Bha so, gun teagamh, na ni cudthromach d'a taobh féin. Ach cha do stad buaidh a togail anns a' sgoil dhòmhnuich an so. Ged a fhuair a h-athair, ri linn òige, barrachd foghlam seach na ruigeas air a chuid a' s' fhearr dhe na bochdan, gidheadh thàinig e gu bhì na chompanach do na daoinibh bu tuasgailte 'sa bhaile anns an d' rugadh e; agus, o cheum gu ceum, dh'fhàs e ni bu mheasa na duine dhiubh. Fhuair an tigh-òsd mu òidhche cosnadh an latha: agus ma bha dad air chùl an déigh anameasarachd na seachduinn, chaitheadh e gu léir air Didòmhnuich anns a' àite mhillteach cheudna.

Cha do chuir a bhean athais riamh air. An àite sin, 's ann a bha i an còmhnuidh ag oidhearpachadh a thàlladh o leithid sin de chuideachd agus de chleachduidhean, le sòlasan a dhachaidh. Ach b'è a dhachaidh dhàsan ionad a dhòghruinn bu mhò: oir an sin fhuair e ùine gu smuaineachadh thuige agus uaithe; agus an sin bha e air a chuartachadh le a mhnaoi agus a chuid cloinne, do'n robh e gach là a' cur as.

Lean e fad air an t-seòl so, 'n uair, air feasgair dòmhnuich, an déigh bhì fad an latha ri òl agus ri cluiche, agus cosnadh na seachduin a chàll, theich e o a chompanachibh, agus, gun fhios aige ciod a bha e deanamh, ghabh e an t-slighe dhachaidh.

Ghlèadh fear de a chompanachibh ris, pilleadh, agus aon char eile ghabhail fhathasd. "Hud, a dhuine," ars' esan, "bithidh tu cinnteach gu'n coisinn thu na h-uile sgillinn air ais a rithid."

Sheas e.—"Seadh," ars' esan ris féin, "na'm b' urrainn mi a chosnadh uil' air' ais!" "So, so," ars' a chompanach, "aon char fhathasd, dìreach aon char."

"Cha téid," ars' Eoin, "chail mi mo chuid airgid, agus mar sin cha'n urra mi ged a b' àill leam." Ach air ball dh' éirich e na inntinn gu'n robh màl na Rè, cuiteas na dheanta suas a' cosnadh na seachduin a chaidh seachad, air a thasgaidh ann an àmraidh, anns a' chitsinn, aig a bhaile, agus ua'm b' urrainn e sin fbaighinn. gu'n robh e cinnteach gu'n

coisneadh e na chaill e, air 'ais. Bha an t-airgiod r'a iocadh air an ath là; agus, cruaidh mar a bha a chridhe, chriothnaich e ri smaoineachadh air an nì a bha e dol a dheanamh, agus bha e fuidh eagal gu'm faiceadh a' bhean agus a' chlann e.

Thàinig e, gidheadh, am fagus do'n tigh, agus ghiabh e air sealtuinn a stigh air an uineig; agus air dha gun aon neach fhaicinn, chaidh e air aghaidh do'n chitsinn, agus le cabhaig, suas do'n àmraidh. Ach bha e so glaist: agus thuir e saorsa, cair tiotadh, ann an smaoineachadh nach b'urraim e an t-airgiod fhaighinn. Ach na dbéidh sin thubhairt e ris féin, "Bithidh mi ciunteach gu'm buannaich mi;" agus ghreas e gu sàmhach suas an staoirich, a shealtuinn air son na h-iuchaire, a' smaoineachadh gu'n robh fios aige caite na chuir a bhean i. Ach 'nuair a bha e gabhail tre'n t-seòmar anns an robh a chlann nan' luidhe, shaoil e gu'n cual' e fuaim bheag. Agus air dha eisdeachd, chual e osnaich, agus an sin guth. 'S i Hanah bheag, bhochd a bh' ann, ag urnuigh gu'm faiceadh a h-athair mearachd a shlighe, gu'n atharruichadh Dia a chridhe, agus gu'n deanadh se e na bheannachd d'a màthair agus doibh uile. Bha a h-osnaich agus a deòir ionann agus a cur casgadh air a cainnt. Ach an uair a chual e i'ga ghairm a hathair gràidh, *gràidh*, agus a dh' fhairich e co olc 's a b' fhiù e an t-ainm, 's ann air éiginn a chum e air féin gun eigheach a mach, ann an àmhghair a chridhe. Leig e dìchuimhn air an iuchair, shnàg e d'a sheòmar leapa, agus thuit e air a ghlùinean. Cha do labhair e aon smid, ach ruigidh cainnt a' chridhe air eluasibh tràcair; agus air an fheasgar sin, airson a' cheud àm, dh' fheudadh e bhì air a ràitinn m'a thimchiol-sa "Feuch tha e ag urnuigh."

An déidh seal àraidh, chaidh e sìos an staoirich, far an robh Hanah a cur a peathar bhig Beatie a chodlad. Leum i le ioghantas; oir cha do chuimhnich i rianh a h-athair fhaicinn, o chionn iomadh mìos—seadh, o chionn iomadh bliadhna—aig a bhaile air feasgar dòmhach. Chaidh e suas a chum na cloinne, agus phòg e le chéile iad. Bha seo na chomharadh dòimhe nach do shealbhaich iad ach ainmic agus bha Hanah nis co làn dhe thoileachadh 's a bha i roimhe dhe iongantais.

"Athar ghràidh," ars' ise, bidh mo mhàthair ro thoilichte ur faicinn aig a bhaile, agus bidh sinn uile ro shòlasach. Cha téid sibh a macn tuille a nochd, an téid, Athair? Cha téid, a ghaoil, ars' esan. Agus mar a bha i dol a cur

Bheatie anns an leabuidh, chual e i ag ràdh rithe féin,"  
 "Thuir m'athair, A Ghaoil rium."

Bha eagal air Eoin roimh theachd dhachaidh a mhna agus nan gillean as an eaglais. Cha robh fios aige cia mar a b' urrainn e sealtuinn orra anns an eudain le grabh a mhi' bheusan féin. Ach chaidh so seachad. Sheall a' chlann an toiseach air a chéile le eagal, mar gu'm biodh sòlasan an 'fheasgair air an casgadh. Oir b' àbhuis doibh an còmhnuidh suidhe ni b' fhaide air feasgar didòmhuich na air oidhchibh eile, ag innseadh d' am màthair ciod a rinneadh anns a' sgoil dhòmhuich, agus na b' urrainn iad a chuimhneachadh dhe na chual iad anns an eaglais air feadh an là.

Bha Hanah air an t-suipear a dheasachadh, agus bha teine boidheach air, agus tealach glan: agus dh' fhairich Eoin Pris, air a' cheart mhionaid sin, nam biodh a chogais glan, gu'm bu dhuine sona e a cheart rìreadh.

"Athair," deir Hanah, agus i air teachd a stigh do'n t-séomar, "sealamh ubh briagh ùr—ubh leam féin féin—thug mo mhàthair dhomh cearc bheag bhòidheach, agus 'se so a' cheud ubh a rug i riamh, agus gheibh sibhs e, Athair." Cha b' urrain Iain labhairt, ach phòg e a leanabh, agus chunnaic e na deoir 'na sùilbh. Smaoinich e gu'm b'e so an t-ubh bu mhilse dh' ith e riamh.

'Nuair a chaidh an t-suipear seachad, thuir Hanah, "Athair, cha chuala sibh mis a' leughadh o chionn fhada." "Well," ars' esan, "an leugh thu nitheigin dhomh as an leabhar a fhuair thu mar dhuais anns a' sgoil dhòmhuich?" Bha fios aige gu'm b'e so an Bìobul; ach cha robh de mhisneachd aige na theireadh e.

Bha Hanah làn ioghnadh. Sheall i an toiseach air a b' athair, agus an sin air a màthair. O cheann dà uair a dh' ùine, bheireadh sealladh Bìobuil 'na làmhnan sreang mhionnan uaithe a bheireadh crith air a cridhe. "So, a ghaoil," deir an t-athair, "c'arson nach 'eil thu 'g a thoirt leat?" Dh' aontaich Hanah, ged a b' ann le mòr gheilt; leugh i a cheud Sailm thar an dà fhichead. Dh' fholuich Eoin a ghnùis, agus ghuil e. Bha a' cheud chuibhrionn deth mar gu'm biodh e deant' air a shon féin a mhàin. Chum e air, gidheadh, gus an d' thubhairt e, "Taing dhuit, a ghaoil, 's math a thàinig tu air d' aghaidh. Leugh earraun eile dhomh.

Thionndaidh i chum an treas Sailm thar a cheud. "Is cinnteach," ars' Eoin, "gur e Dia a thug oirre an dà chuibhrionn so a thaghadh." Dh' anhaire a bhean. le mor

ongantas air dòighan a fir-pòsda, agus mar a bha a bhuaadh-annan air an gluasad anns an taobh a stigh dhieth. “Hanah, a ghràidh,” ars’ise, “’s fearr dhuit na gillean beaga chur a luidhe.” Phòg am màthair iad, agus thuirte i riubh gu’n robh iad nan gillean inatha. An sin thionndaidh iad ri Hanah, mar gu’m foighnichdeadh iad, am bu chòir doibh a dhol chum an athair? “Thigibh,” ars’ise; “agus abraibh, oidhche mhath do’ur n-athair, agus luathaichibh a luidhe.” Phòg e iad, agus dh’fhàg iad an seòmar.

“Gabbaidh tu glaine de fhìon nan crousag againn, ‘Iain,’ ars’ a’ bhean; “cha d’òl thu dad de liunn a nochd.”

“Oh!” ars’esan, “tha dòchas agam nach blais mis’ air deur leanna a gu bràth tuille.”

Le aoibhneas do-labhairt leum i as a suidheachan, agus a tilgeadh a gairdeanan m’a mhuinneal, bhris i mach ann an tuil dheur. Dh’fheuch Eoin ri labhairt, ach cha b’urrainn e; agus mar so ghuil iad fada le chèile. Fa dheòidh, air teachd dha gu nitheigin stòladh, dhiunnis e d’a mhnaoi gach ni a thachair dha air feadh an fheasgair. Agus an sin dh’éigh e a mach, “An urrainn tha gu bràth mathanas a thabhairt do bhrùid cho gràineil. O! a Hanah, an urrainn thusa!”

“Mathanas!” ars’is’; “mo chompanach gaoil! cha robh riamh urrad ghràidh agam ort’s a th’agam a nochd; agus cha robh leth urrad de shonas agam riamh’s a th’agam air an uair. Na iarr mathanas ormsa; iarr mathanas air Dia, agus bheir e mathanas gu saor.” An sin labhair i ris mu thròcair neochriochnach Dhé troimh Iosa Crìosd; agus a ris ghuidh i air gun mhathanas iarraidh oirre-sa, ach air Dia.

“Dh’iarr mi sin,” ars’esan; “ach gus an cuala mi an ni a leugh ar leanabh gràdhach, cho do shaoil mi gu’m b’urrainn e mathanas a thabhairt do pheacach co eucorach riumsa gu bràth.”

“Is fìor an ràdh,” ars’is’, agus is fiù e na h-uile di bheatha, gu’n d’thàinig Iosa Crìosd a dh’ionnsuidh an t-saoghail, a thearnadh pheacach, eadhon a’ chinn-fheadhna.

“Tuiteamaid air ar glùinibh le chèile, Iain ghaoil,” ars’ a’ bhean, “agus iarramaid air Dia a ghealladh a cholionadh ùhuitse.”

#### GLASGOW:

*Printed by J. Niven & Son, Glassford Street,*

For the GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY, and Sold at their  
Depositories, 158, Trongate, and 99, Buchanan Street.

And in Edinburgh, at the Religious Tract Society's Depository,  
6, East Register Street.









